

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

9/11/23, 0930-1200

Island Blogging / Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Mac a' Mhaoilein (sa Chathair)

Calum MacLeòid

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)

Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair)

Kristina NicChoinnich [KMCK] (Foghlainneach Ionmhais)

Uisdean MacLeòid [UML] (Ceannard Teicneòlas & Oighreachd)

Kathryn NicAoidh [KMK] (Neach-taic Cunntasachd) – puing 7

Marina NicDhòmhnaill [MMD] (Manaidsear Oifis) – puingean 11 & 12

Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Ceit-Anna NicLeòid agus Ingrid NicEanraig.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (14/9/23)

3.1 Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

4.1 Comharraichte.

4.2 GDPR/FOI – thèid fios a chuir chun Chomataidh nuair a bhios na poileasaidhean air am foillseachadh. [\(MAMI\)](#)

5. Pasgan Cunntasachd Q2 2023-24

5.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh bhall.

5.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarichte.

6. KPI/Dashboard

- 6.1 Bha pàipear agus KPlan/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.
- 6.2 Bha aithne ann gu robh an Taisbeanadh Dèanadais aig buill air 14/11/23.
- 6.3 Bha aithne ann gu robh Comataidh Lèirsinn gu bhith a' coimhead ri na KPlan a leudachadh le tionndadh ùr deiseil airson 2024/25.
- 6.4 Thèid beachdachadh air dè na KPlan a bhiodh a' dol gu gach Comataidh agus chun Bhùird bho seo a-mach, leis a' Chomataidh seo feumach air feadhainn nas co-cheangailte ri cùisean obrachaidh.
- 6.5 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

7. Frèam-obrach Dearbhaidh

Aithisg adhartais / dashboard / aithris ràitheil

- 7.1 Bha aithisg adhartais, clàr-tomhais agus aithris ràitheil air beulaibh bhall agus bhruidhinn KMK mun phàipear.
- 7.2 Chaidh aontachadh ann an Aithris 3 (Legal/Contract Compliance) sgaradh a dhèanamh eadar Cùisean Laghail corporra agus Cùisean Laghail foillseachaidh (co-cheangailte ri susbaint agus ùrlaran).
- 7.3 Chaidh a dhaingneachadh gu bheil ciamar a nithear aithris chun Bhùird air leth cudromach.
- 7.4 Bha aithne ann gu feumar Aithris 10 (Citizenship) fhaighinn bho ìre dhearg gu ìre buidhe. Bha aithne ann gun cuidicheadh plana-gnìomh, aithris air prìomhachasan agus loidhne-tìde agus an aithris seo a chur gu obair agus ni seo soilleir cò an neach as fheàrr aig am biodh uallach air a shon, agus gum biodh e feumail nam biodh Dashboard a' Bhùird a' sealltainn ìrean trèanaidh air poileasaidhean.
- 7.5 Chaidh a chomharrachadh gu robh an aithris mu Dìon-saidhbear fon phuing seo rud beag eadar-dhealaichte bhon phàipear Dìon-saidhbear aig puing 8, air mar eisimpleir inbhe na h-obrach air ùrachadh Frithealaiche-lìn (Server). Chaidh aithneachadh gun cuidich siostam agus pròiseasan le na h-uireasbhaidh sna siostaman aithris.

Riosg

- 7.6 Chaidh deasbad a chumail mu bhith ag àrdachadh am pròifil riosg aig na riosgan ann an dearg. Bha aithne ann gu ìre, bho sheadh sgrùdadh, nach robh e a' coimhead coltach gum bi an tuilleadh airgid a' tighinn agus gu feumar cùisean adhartachadh leinn fhèin.
- 7.7 Chaidh còmhradh a chumail mu nithean nach robh ann an Clàr nan Riosgan ach a bha airidh air deasbad. Mar eisimpler, an robh MG ALBA ro bhualteach air a bhith a' leum a-staigh gu

bhith a' lionadh uireasbhaidhean bhuidhnean eile? Agus an robh sinn cinnteach gu robh am *balance* ceart againn eadar a bhith a' cur fòcas air rudan matha nam meadhanan Gàidhlig agus a' togail fianais mu chunnartan agus laigsean. Thèid an tuilleadh deasbaid a chumail mun seo aig coinneamh ro-innleachd a' Bhùird air 9/11/23.

7.8 Thèid an riosg mu phlanadh leantainneach a dheasbad air 9/11/23.

7.9 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta, ach le aithne air na puingeon gu h-àrd.

8. **Dìon-saidhbear**

8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt fiosrachadh às ùr air adhartas nan cunnartan co-cheangailte ris na trì ìrean dìon aig an Fhrèam Dearbhaidh, a bharrachd air na nithean a tha a' toirt buaidh aig an àm seo air ar ìre de dh'ìnbhe cunnairt.

8.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta, le aithne air na puingeon a chaidh a thogail aig 7.5 gu h-àrd.

9. **Plana Leantainneach Gnothaich**

9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt fiosrachadh às ùr air adhartas nan cunnartan co-cheangailte ris na trì ìrean dìon aig an Fhrèam Dearbhaidh, a bharrachd air na nithean a tha a' toirt buaidh aig an àm seo air ar ìre de dh'ìnbhe cunnairt.

9.2 Chaidh innse ann an Q3-4 seach a bhith a' dèanamh eacarsaich leantainneachd gnothaich stèidhichidh am Buidheann Leantainneachd Gnothaich plana leantainneachd làidir agus nithear deuchainn air. Nì seo cinnteach gun tèid uallach a ghluasad gu rèidh agus gun lean seirbheisean air adhart mar bu chòir ma dh'fhalbhas cuideigin gun dùil bho phrìomh dhreuchd airson ùine fhada no làn ùine.

9.3 Chaidh moladh smaointinn mu dheidhinn coltachadh (simulation) a dhèanamh air ionnsaigh saidhbear.

9.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

9.5 **Gnìomh**: thig pàipear chun Chomataidh tràth ann an 2024. [\(UML\)](#)

10. **Poileasaidhean**

Poileasaidh Solarachaidh

10.1 Bha Poileasaidh Solarachaidh air beulaibh bhall. Chaidh innse gun deach ath-sgrìobhadh le luchd-lagha agus gu robh e tòrr nas mionaidiche na am poileasaidh làithreach. Cuideachd bha an sgioba ionmhais air *executive summary* a chruthachadh, agus am pròiseas a dhèanamh nas sìmplidh do luchd-cleachdaidh fhad 's aig an aon àm a' dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ris an reachdas iomchaidh agus a' chleachdadh as fheàrr. Chaidh deasbad a chumail.

- 10.2 Le feum air dèanamh cinnteach gu robh daoine bhon taobh a-muigh gu tur fiosraichte a thaobh nan riaghailtean ris a bheilear ag obair, bha feum air an dà chuid Poileasaidh agus Còdan poblach.
- 10.3 Bha a’ Chomataidh làidir den bheachd nach b’ urrainn am Poileasaidh aontachadh gus am biodh an Còd Coimiseanaidh aontaichte, gus am biodh am poileasaidh solarachaidh a’ toirt stiùir do mhodhan cosg airgid uile na buidhne.
- 10.4 Thog a’ Chomataidh ceist mu dheidhinn mar a bha na “exclusions” air an taisbeanadh anns an *executive summary* agus dheigheadh coimhead air an sin.
- 10.5 **Co-dhùnadh**: 1) thèid Còd Coimiseanaidh MG ALBA a chruthachadh, a’ mìneachadh ciamar a tha MG ALBA a’ solarachadh agus a’ coimiseanadh susbaint agus 2) às dèidh sin, thèid sin agus am Poileasaidh gu luchd-lagh gus dèanamh gu bheil a h-uile dad a rèir an lagh.
- 10.6 **Gnìomh**: thig pàipear chun na h-ath choinneamh den Chomataidh. (DMD)

Poileasaidh nam Meadhanan Sòisealta

- 10.7 Bha pàipear air beulaibh bhall ag iarraidh ùine a bharrachd airson coimhead ris a’ Phoileasaidh seo.
- 10.8 Bha aithne ann gu bheil tòrr atharrachaidhean taobh a-staigh na sgiobaidhean seo an-dràsta agus gu robhas ag iarraidh tuilleadh ùine gus seo fhaighinn ceart.
- 10.9 Tha na prionnsabalan fhathast a’ seasamh agus bidh luchd-obrach a’ leantainn an stiùireadh mar a tha e, gus am bi poileasaidh ùr air a chuirteachadh.
- 10.10 **Co-dhùnadh**: thèid lèirmheas a dhèanamh air a’ phoileasaidh agus ùrachadh a dhèanamh air a’ phoileasaidh taobh a-staigh am frèam-obrach dearbhaidh.
- 10.11 **Gnìomh**: thig seo air beulaibh na Comataidh anns a’ Chèitean 2024.

Poileasaidh Cùl-stòran

- 10.12 Bha pàipear air beulaibh bhall le iomradh air a’ phàipear a thàinig go Brett Nicholls Associates, le moladh gum biodh MG ALBA a’ cur gu taobh suim a bha reusanta airson dùnadh sìos a’ chompanaidh le iomradh air n h-eileamaidean co-cheangailte ri sin.
- 10.13 Bha am pàipear bhon AO a’ moladh gum bu chòir modh stèidhichte air riosg a bhith ann, seach poileasaidh a chuireas crìochan cruaidh sìos, le moladh Riosg a chur dhan Mheatraigs Riosg: “MG ALBA funding is withdrawn and/or regular funding is subject to disruption at short notice” agus nam biodh an Riosg sin air a mheasadh aig ìre àrd, bhiodh e fa chomhair na Comataidh agus a’ Bhùird.

- 10.14 Bha a' Chomataidh aontaichte nach bu chòir am buidheann a bhith ag amas air airgead a ruith sìos gu £0 gach bliadhna, fiù 's ged a bhiodh poileasaidh poblach ag amas air an sin agus gum biodh e comasach tighinn gu aonta sgrìobhte le Riaghaltas na h-Alba mun t-suim a bhiodh iomchaidh a chumail gu taobh **Co-dhùnadh**: thèid seo a dheasbad le Riaghaltas na h-Alba.
- 10.15 **Gnìomh**: thig pàipear chun Chomataidh sa Ghearran 2024 agus an uair sin chun Bhùird sa Mhàrt 2024. (SMD)

Sgrùdadh bhliadhnail phoileasaidhean

- 10.16 Bha pàipear air beulaibh bhall le iomradh air an sgrùdadh bhliadhnail air frèam poileasaidh na buidhne, ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil sgrìobhainnean riaghlaidh agus poileasaidhean na buidhne coileanta.
- 10.17 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta, le aithne gu feum coimhead ri teirm cuid a phoileasaidhean a dhèanamh nas fhaide, le trì bliadhna nas reusanta.

11. Aithisg Slàinte & Sàbhailteachd

- 11.1 Gach bliadhna, bidh a' Chomataidh a' beachdachadh air aithisg bhliadhnail air Slàinte is Sàbhailteachd, agus tha e na uallach reachdail gun tèid an aithisg chun a' Bhùird gus am bi am Bòrd fiosraichte agus comasach leasachaidhean iomchaidh a chur an gnìomh.
- 11.2 Bhruidhinn MMD mun aithisg bhliadhnail air beulaibh bhall. Bha an aithisg bhliadhnail seo airson na bliadhna gu deireadh an Dàmhair 2023 a' dearbhadh gu bheileas a' coileanadh ar dleastanas a thaobh riaghailtean *Health and Safety at Work Act 1974* agus a' dearbhadh gu bheil an t-àite-obrach sàbhailte agus gu bheil a h-uile cunnart a tha ann air a lùghdachadh mar bu chòir.
- 11.3 Bha an aithisg a' cur an gnìomh an Dàrna Loidhne Dìon (ann am pàirt) agus an Treas Loidhne Dìon (gu h-iomlan) mar a thathas a' sùileachadh anns am Frèam-obrach Dearbhaidh.
- 11.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta leis an Aithisg Slàinte & Sàbhailteachd.
- 11.5 **Gnìomh**: 1) thèid an aithisg Slàinte & Sàbhailteachd air beulaibh a' Bhùird aig coinneamh na Samhna airson aonta. (MMD)

12. HR

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall gus dearbhadh a thoirt chun Chomataidh air cùisean luchd-obrach is cosnadh airson a' chairteil gu 30/9/23 le aithisg cuideachd air na h-adhbharan air cùl am Beàrn-Pàighidh.

12.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta, le aithne gum biodh na thathas a' dèanamh a thaobh Beàrn-pàighidh na phrìomhachas a thaobh fianais san Aithris air *Citizenship* sa Frèam-obrach Dearbhaidh agus ann am Planadh Leantainneach.

13. GISBE

13.1 Cha robh gin.

14. Deit na h-ath choinneimh – TBC

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: